

Coinneamh: Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-là/Àm: 05 Cèitean 2026 aig 09.30m
Càite: Microsoft Teams

Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

1.1. Fàilte is leisgeulan

Buill Comataidh an Làthair:

Seonaidh Charity [SC] Cathraiche
John N Dòmhnallach [JND]
Michelle NicLeòid [MNL]

A' Frithealadh:

Ealasaid Dhòmhnallach [ED] Ceannard/Oifigear Cunntachail
Stiùbhart Dunmore [SD] Manaidsear Planaidh is Gnìomhan Reachdail
Calum Rothach [CR] Ceannard Foghlaim is Phlanaichean
Nicola Pearson [NP] Ceann an Ionmhais & Cùisean Corporra

Geàrr-chunntas

Jamie MacGillEathain [JMG] Co-òrdanaiche Corporra

Leisgeulan:

Bha na Buill uile an làthair.

1.2. A' Nochdadh Chom-pàirtean

Cha robh com-pàirtean ri nochdadh

1.3. Gnothaich Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha robh gin ann.

2. Planaichean Gàidhlig

2.1. Plana Gàidhlig - Coimisean na Croitearachd

Thug CR geàrr-iomradh seachad air pàipear a' chomataidh a' mìneachadh a' cheathramh eagraan de Phlana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd.

Chaidh ceist a thogail mu Sgìrean Cànan Sònraichte agus air an adhbhar nach deach iomradh a thoirt orra sa phlana. Mhìnich SD gun deach measadh foirmeil a dhèanamh air eagraan a' phlana mus robh Achd nan Cànanan Alba air tighinn gu buil. Thèid iarraidh air a' bhuidhinn deasachadh a dhèanamh gu iomradh a thoirt air Sgìrean Cànan Sònraichte.

Chaidh moladh a dhèanamh gu bheil am plana a' sealltainn cleachdadh na Gàidhlig sa bhuidhinn na prìomhachas a thèid deasbad aig ìre an sgioba stiùiridh aca.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' cheathramh eagra de Phlana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd. Thèid iarraidh air Coimisean na Croitearachd deasachadh a dhèanamh gus iomradh a thoirt air Sgìrean Cànan Sònraichte.

2.2. Plana Gàidhlig – Comhairle Dhùn Bhreatann an Ear

Thug CR geàrr-iomradh seachad air an treas eagra de Phlana Gàidhlig Comhairle Dhùn Bhreatann an Ear ag ràdh gun robh an dreach seo air beulaibh a' chomataidh san Gearran 2026 agus gun robh a' Chomataidh air ath-sgrùdaidhean iarraidh.

Bha a' Chomataidh toilichte gun robh an t-ùghdarras ionadail air obrachadh gu h-èifeachdach le oifigearan Bòrd na Gàidhlig agus gun robh iad air na molaidhean a rinn a' chomataidh a ghabhail a-steach don phlana aca.

Thug an Cathraiche taing dha Oifigearan airson adhartas cho luath a dhèanamh leis a' phlana seo gus am b' urrainnear a chur mu choinneimh na Comataidh a-rithist.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an treas eagra de Phlana Gàidhlig Comhairle Dhùn Bhreatann an Ear.

2.3. Plana Gàidhlig – Comhairle Siorrachd Àir a Deas

Thug CR geàrr-iomradh seachad air an treas eagra de Phlana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Àir a Deas.

Chaidh a mhothachadh gun robh mearachd anns an fhiosrachadh air duilleag 9 den phlana (t.d 67, CPG-01-2627) agus gum bu chòir "100,000" a bhith ann seach "1,000". Thèid iarraidh air an ùghdarras seo a cheartachadh.

Chaidh ceist a thogail air a' ghnìomh aig an ùghdarras air duilleag 7 den phlana (t.d 66, CPG-01-2627) mu dheidhinn chothroman airson in-chur Gàidhlig dha oileanaich sa cheathramh bliadhna. Thèid iarraidh air an ùghdarras a' gnìomh sin a dhèanamh nas soilleire.

Chaidh ceist a thogail air an dòigh san deach a' chiad ghnìomh fo sgeama 1+2 a chur an cèill air duilleag 6 den phlana (t.d 66, CPG-01-2627). Mhìnich SC gun robh am briathrachas a' cumail ris an t-seòrsa cànan aig Luchd-sgrùdaidh Foghlam an Rìgh (HMle).

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an treas eagra de Phlana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Àir a Deas. Thèid iarraidh air an ùghdarras ceartachadh agus soilleireachadh a dhèanamh air an fhiosrachadh an lùib a' phlana.

2.4. Plana Gàidhlig – Leasachadh Sgìlean na h-Alba

Thug CR geàrr-iomradh air a' cheathramh eagra de Phlana Gàidhlig Leasachadh Sgilean na h-Alba.

Chaidh ceistean a thogail air sanasachd dà-chànanach aig a' bhuidhinn. Chaidh aithneachadh gur e buidheann gu math mòr a th' ann an Leasachadh Sgilean na h-Alba agus gu bheil àiteachan aca air feadh Alba, ach chaidh a thogail gu bheil deagh làthaireachd dhidseatach aca.

Chaidh a thogail le cur air bhonn Sgìrean Cànan Sònraichte gum biodh lèirmheas ri dhèanamh air planaichean Gàidhlig gus na dleastanasan ùra aithneachadh anns na sgìrean sin, gu h-àraidh dha buidhnean aig a bheil làthaireachd anns na sgìrean aithnichte.

Chaidh puing a thogail mun Cho-chomhairleachadh aca air an dreach plana Gàidhlig san Iuchar 2025 agus gun d' fhuair iad 4 freagairtean air ais; chaidh aithneachadh gum bi gainnead fhreagairt ann dha co-chomhairleachaidhean agus ceisteachain aig amannan leis gu bheil pailteas dhiubh ann, agus, mar thoradh, bidh am poball a' call ùidh annta.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' cheathramh eagra de Phlana Gàidhlig Leasachadh Sgilean na h-Alba.

Dh'fhàg SD a' choinneamh.

3. Riaghladh

3.1. Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Thug ED geàrr-iomradh seachad air brìgh aithisg bhliadhnail na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan, a' toirt iomradh air co-dhùnidhean bho obair na Comataidh sa bhliadhna 2025/26.

Thug an Cathraiche seachad taing dha Oifigearan Bòrd na Gàidhlig airson an cuid saothrach thairis air a' bhliadhna.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ri Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan.

4. Plana-obrach na Comataidh

4.1. Plana-obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Thug ED geàrr-iomradh seachad air Plana-obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan agus bhruidhinn ED mun tairgse a thèid mu choinneimh a' Bhùird-stiùiridh san Ògmhios 2026 airson fòrmat na Comataidh atharrachadh gu cruth pannail.

Chaidh ceistean a thogail air an smaoineachadh air cùl an atharrachaidh agus air loidhne-tìm an atharrachaidh. Mhìnich ED gun tèid an tairgse mu choinneimh a' Bhùird-stiùiridh agus gum biodh fios a' tighinn gu Cathraiche na Comataidh an ceann 2-3 seachdain air a'

mhodh-obrach a ghabhadh am pannal. Chaidh a mhìneachadh gun toir an cruth ùr air a' Chomataidh cunbhalachd gus am bi mion-sgrùdadh iomchaidh ann air planaichean agus poileasaidhean.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ri Plana-obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan.

5. GISBE

Cha robh gin ann.

Thug an Cathraiche taing seachad dha Oifigearan Bòrd na Gàidhlig agus chaidh a' choinneamh a dhùnadh aig 10:07m.

Deireadh an t-seisein